



**TRANSPORT
SCOTLAND**
CÒMHDHAIL ALBA



COSLA

transport.gov.scot

cosla.gov.uk

**Co-chomhairle air a'
Mhapa-slighe gus
lùghdachadh 20%
fhaighinn air Km Càir**

Clàr-innse

Mun cho-chomhairle seo	3
A' cur beachd a-steach dhan cho-chomhairle seo	4
A' làimhseachadh do fhreagairt	4
Na h-ath-cheumannan sa phròiseas	5
Beachdan agus gearanan	5
Pròiseas Co-chomhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba	5
Ceistean co-chomhairleachaidh	6
Am Mapa-slighe	6
Sòisealta agus Co-ionannachd	9
An Àrainneachd	12

Mun cho-chomhairle seo

Mar thoradh air èiginn chruinneil na gnàth-shìde, shuidhich [an t-ùrachadh air Plana Atharrachadh Gnàth-shìde na h-Alba ann an 2020](#) targaid a bha air thoiseach air a' chòrr den t-saoghal gus cilemeatairean càr a lùghdachadh le 20 sa cheud ro 2030. Bidh còmhdhail a' cruthachadh cairteil de dh'eimiseanan gas taighe-ghlainne na h-Alba, le càraichean a' cruthachadh cha mhòr 40% de na h-eimiseanan siubhail. Tha modaladh air lùghdachadh carboin air co-dhùnadh nach gabh cothromachadh carbon a ruigsinn a thaobh eimiseanan tro fhuasglaidhean teicneòlach a-mhàin. Tha e deatamach gun tèid cleachdadh càr a lùghdachadh gus an tèid an siostam còmhdhail a dhì-charbonachadh aig astar a tha a rèir nan targaidean eimiseanan reachdail a tha Pàrlamaid na h-Alba air stèidheachadh.

Tha am mapa-slighe, a chaidh a cho-sgrìobhadh le Còmhdhail Alba agus Co-chruinneachadh Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba (COSLA), a' mìneachadh an t-sreath de phoileasaidhean còmhdhail agus neo-chòmhdhail a thèid a bhuileachadh gus taic a chumail ri lùghdachadh cleachdadh chàraichean gus Alba nas fhallaine, nas cothromaiche agus nas beartaiche a libhrigeadh airson coimhearsnachdan, gnìomhachasan agus luchd-tadhail.

Ged a tha sinn ag aithneachadh gum faodadh e a bhith nas dùbhланаiche do chuid ann an àiteachan sònraichte, agus dhaibhsan aig a bheil feumalachdan siubhail sònraichte, leithid ciorraman, a bhith a' cleachdadh chàraichean nas lugha, tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi còmhradh in-ghabhalach ann air siubhal seasmhach. Mar sin tha sinn air raon de ghiùlan siubhail seasmhach a thaghadh a dh'aona ghnòthach as urrainn do dhaoine roghnachadh gabhail riutha. Is e ar n-amas cothrom a thoirt do gach neach ann an Alba a bhith a' faireachdainn gu bheil cothrom aca ath-bheachdachadh a dhèanamh air an giùlan cleachdadh-chàraichean airson na h-àireamh as motha de thursan, agus mar sin feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' conaltradh mun chùis seo le luchd-èisteachd cho farsaing 's a ghabhas.

Tron cho-chomhairle seo, tha sinn ag amas air barrachd tuigse fhaighinn air beachd a' phobaill air an dòigh-obrach a thathar a' cleachdadh sa mhapa-slighe; a bharrachd air beachd air a' bhuidhe a dh'fhaodadh a bhith aig na ceuman air buidhnean le feartan dìonte, coimhearsnachdan eileanach, agus tarsainn air neo-ionannachd sòisio-eaconamach, agus air mar a dh'fhaodadh buaidh sam bith a lasachadh.

A' cur beachd a-steach dhan cho-chomhairle seo

Tha Riaghaltas na h-Alba agus COSLA a' sireadh fhreagairtean dhan cho-chomhairle seo ro: 6 Giblean 2022.

Cuir do bheachdan a-steach dhan cho-chomhairle aig Riaghaltas na h-Alba agus COSLA cuideachd a' cleachdadh hub co-chomhairle Riaghaltas na h-Alba, Citizen Space [[hyperlink](#)].

Faodaidh tu an fhreagairt a shàbhaladh is tilleadh thuice fhad 's a tha a' cho-chomhairle fosgailte. Dèan cinnteach gun tèid freagairtean na co-chomhairle a chur a-steach ron cheann-latha mu dheireadh, 6 Giblean 2022.

Mur eil e comasach dhut freagairt tron cho-chomhairle aig Riaghaltas na h-Alba agus COSLA tron hub co-chomhairle againn, lìon Foirm Fiosrachaidh an Neach-freagairt is cuir air ais e gu:

- Post-d: 20percentroutemapconsultation@gov.scot
- Post: 20% Reduction in Car Kms Route Map, Transport Strategy & Analysis Directorate, Còmhdhail Alba, Taigh Bhochanan, 4th Floor, 58 Rathad Port Dundas, Glaschu, G4 0HF

A' làimhseachadh do fhreagairt

Ma tha thu a' freagairt tron hub co-chomhairleachaidh, thèid do chur air adhart chun na duilleig 'Mu do Dheidhinn' mus cuir thu do bheachd a-steach. Innis dhuinn mar bu chòir dhuinn dèiligeadh ris an fhreagairt agad, agus gu sònraichte a bheil thu toilichte gun tèid an fhreagairt agad fhoillseachadh. Ma dh'iarras tu nach tèid do fhreagairt fhoillseachadh, bidh sinn ga meas dìomhair agus a' dèiligeadh rithe mar sin.

Bu chòir a h-uile neach-freagairt a bhith mothachail gu bheil Riaghaltas na h-Alba a' tighinn fo ullachaidhean Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002 agus mar sin, gum biodh aige ri beachdachadh air iarrtas sam bith a rinneadh dha fon Achd co-cheangailte ri freagairtean dhan cho-chomhairle seo.

Mur a h-eil e comasach dhut freagairt tro Citizen Space, lìon agus cuir air ais am Foirm Fiosrachaidh mun Neach-freagairt a tha an cois na sgrìobhainn seo.

Gus faighinn a-mach mar a bhios sinn a' làimhseachadh an dàta phearsanta agad, faic am [poileasaidh prìobhaideachd](#) againn.

Na h-ath-cheumannan sa phròiseas

Far a bheil luchd-freagairt air cead a thoirt gun tèid an fhreagairt aca fhoillseachadh, agus an dèidh dhuinn dearbhadh nach eil stuth cliù-mhillteach annta, bidh freagairtean rim faighinn gu poblach air [Citizen Space](#). Ma chleachdas tu an hub co-chomhairleachaidh gus freagairt, gheibh thu lethbhreac den fhreagairt agad tro phost-d.

Às dèidh a' chinn-latha mu dheireadh airson freagairtean, thèid anailis a dhèanamh air gach freagairt agus thèid beachdachadh air cho math ri fianais sam bith eile a tha ri fhaighinn gus ar cuideachadh leis a' mhapa-slighe aig Riaghaltas na h-Alba agus COSLA. Thèid freagairtean fhoillseachadh far an deach cead a thoirt dhuinn sin a dhèanamh. Bidh aithisg anailis ri faighinn cuideachd.

Beachdan agus gearanan

Ma tha beachd sam bith agad mu mar a chaidh a' cho-chomhairle seo a dhèanamh, cuir iad dhan t-seòladh conaltraidh gu h-àrd no gu 20percentroutemapconsultation@gov.scot.

Pròiseas Co-chomhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba

Tha co-chomhairle na pàirt bhunaiteach den phròiseas gus poileasaidh a dhèanamh. Bheir e cothrom dhuinn beachdachadh air na beachdan agus sgilean agad air raon obrach a tha air a mholadh.

Gheibhear na [co-chomhairlean uile againn air-loidhne](#). Tha gach co-chomhairle a' mìneachadh nan cuspairean air a bheilear a' beachdachadh, cho math ri dòighean gus do bheachdan a thoirt dhuinn, air-loidhne, tro phost-d no tron phost.

Thèid mion-sgrùdadh a dhèanamh air na freagairtean mar phàirt den phròiseas poileasaidh, cho math ri farsaingeachd eile de dh'fhiosrachadh is de dh'fhianais. Foillsichidh sinn aithisg den anailis seo airson gach co-chomhairle. A rèir nàdair na co-chomhairle, dh'fhaodte gum bi na freagairtean:

- a' sealltainn gu bheil feum air leasachadh no ath-sgrùdadh poileasaidh
- a' fiosrachadh cruthachadh poileasaidh sònraichte
- a' cuideachadh gus co-dhùnadh a dhèanamh eadar diofar mholaidhean poileasaidh
- air an cleachdadh gus crìoch a chur air reachdas mus tèid a chur an sàs

Ged a dh'fhaodadh fiosrachadh mu shuidheachadh sònraichte a chaidh a mhìneachadh ann am freagairt do cho-chomhairleachadh am pròiseas poileasaidh fiosrachadh, chan urrainn do dh'eacarsaichean co-chomhairleachaidh dèiligeadh ri draghan agus beachdan aig daoine fa leth, a bu chòir a bhith air an cur chun na buidhne poblaich iomchaidh.

Ceistean co-chomhairleachaidh

Am Mapa-slighe

Tha am mapa-slighe – ‘A’ lùghdachadh siubhal chàraichean 20% ro 2030 airson Alba nas fhallaine, nas cothromaiche agus nas uaine’ – na cho-fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba agus COSLA agus tha e a’ mìneachadh nan gnìomhan a tha Riaghaltas na h-Alba agus ùghdarrasan ionadail na h-Alba gu bhith a’ gabhail gus a dhèanamh nas fhasa do dhaoine na cilemeatairean càr aca a lùghdachadh tro cheithir prìomh dhòighean-giùlain siubhail seasmhach.

Is iad na dòighean-giùlain seo:

- i. gus feum a dhèanamh air roghainnean air-loidhne seasmhach gus am feum agad air siubhal a lùghdachadh;*
- ii. tagh cinn-ùidhe ionadail gus an t-astar a shiùbhlas tu a lùghdachadh*
- iii. gluais gu coiseachd, cuibhreachadh, rothaireachd no còmhdhail phoblach far an gabh e dèanamh*
- iv. a’ cur tursan còmhla no a’ co-roinn tursan gus an àireamh de thursan càr fa leth a nì thu a lùghdachadh, mas e càr an aon roghainn phractaigeach a th’ ann fhathast.*

1. A bheil thu ag aontachadh ris an dòigh-obrach atharrachadh giùlain san fharsaingeachd, agus a bheil beachd sam bith agad air na ceithir dòighean-giùlain a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd? Mìnich na beachdan agad.

Aontaich - eas-aontaich - chan eil fhios agam

Mìnich do fhreagairt

2. Dè na prìomh chothroman gus cilemeatairean càir a lùghdachadh?

Bogsa airson beachdan

3. Dè na prìomh dhùbhlain a th' ann gus cilemeatairean càir a lùghdachadh?

Bogsa airson beachdan

4. A bheil ceum sam bith a bharrachd a bu toil leat fhaicinn san àm ri teachd gus taic a chumail ri atharrachadh dòighean-giùlain 1) - a' lùghdachadh feum air siubhal?

Bogsa airson beachdan

5. A bheil ceum sam bith a bharrachd a bu toil leat fhaicinn san àm ri teachd gus taic a chumail ri atharrachadh dòighean-giùlain 2) - a' taghadh roghainnean ionadail?

Bogsa airson beachdan

6. A bheil ceum sam bith a bharrachd a bu toil leat fhaicinn san àm ri teachd gus taic a chumail ri atharrachadh dòighean-giùlain 3) - a' gluasad gu modhan còmhdhail nas seasmhaiche?

Bogsa airson beachdan

7. A bheil ceum sam bith a bharrachd a bu toil leat fhaicinn san àm ri teachd gus taic a chumail ri atharrachadh dòighean-giùlain 4) - a' cur tursan còmhla no a' co-roinn tursan?

Bogsa airson beachdan

8. A bheil beachd sam bith agad ri thoirt seachad air gin de na poileasaidhean sònraichte anns a' mhapa-slighe?

Bogsa airson beachdan

Sòisealta agus Co-ionannachd

Agus e a' cruthachadh mapa slighe gus na cilemeatairean càir a lùghdachadh, mar thoradh air riatanas co-ionannachd na roinn poblaich, feumaidh Riaghaltas na h-Alba aire iomchaidh a thoirt air an fheum gus:

- *Cur às do leth-bhreith, gabhail-brath, sàrachadh agus dol-a-mach mì-laghail eile a tha toirmisgte fo Achd na Co-ionannachd 2010,*
- *Cur air adhart co-ionannachd chothroman eadar daoine aig a bheil feart dìonta agus an fheadhainn aig nach eil, agus*
- *A bhith a' brosnachadh deagh dhàimh eadar daoine aig a bheil feart dìonta buntainneach.*

Tha na trì riatanasan seo an sàs airson nam 'feartan dìonta' a leanas:

- *aois*
- *ciorram*
- *ath-bhuileachadh gnè*
- *pòsadh is com-pàirteachas sìobhalta*
- *leatromachd agus màthaireachd*
- *rèis*
- *creideamh agus feallsanachd*
- *gnè agus taobhadh feise*

Feumaidh Riaghaltas na h-Alba feart a thoirt air:

- *clann agus òigridh (Còraichean agus Sunnd Chloinne)*
- *ana-cothrom sòiseo-eaconomach, bochdainn agus sgìrean fo ana-chothrom (Dleastanas Alba nas Cothromaiche)*

Fo Earrann 8 de dh'Achd nan Eilean (Alba) 2018, feumaidh Riaghaltas na h-Alba measadh buaidh coimhearsnachd eileanach a dheasachadh airson poileasaidh, ro-innleachd no seirbheis, a tha buailteach buaidh a thoirt air coimhearsnachd eileanach a tha gu math eadar-dhealaichte ris a' bhuidheann air coimhearsnachdan eile.

Chaidh na dreach measaidhean buaidh fhoillseachadh còmhla ris a' Mhapa-slighe agus tha iad rim faighinn air làrach-lìn Còmhdhail Alba.

Beachdaichidh Riaghaltas na h-Alba air na freagairtean dhan phròiseas co-chomhairleachaidh gus co-dhùnadh a bheil ceuman a dhìth gus na dleastanasan reachdail a choileanadh. Thèid beachdachadh air na beachdan a chuireas tu thugainn nuair a bhios sinn ag ullachadh nam measaidhean buaidh feuch a bheil barrachd obair a dhìth san raon seo.

Measadh Buaidh

1. A bheil thu den bheachd gum faodadh na molaidhean sa phlana seo deagh no droch bhuidheann a thoirt air buidheann sònraichte de dhaoine mar thoradh air na feartan dìonte a tha air an liostadh an seo.

Tha - Chan eil - chan eil fhios agam

Minich do fhreagairt

- a. Ma tha thu den bheachd gun toir na molaidhean buaidh shònraichte air buidheann mar thoradh air feartan dìonte, dè na ceuman a mholadh tu gus deagh bhuidheann a mheudachadh agus gus droch bhuidheann a lùghdachadh?

Bogsa airson beachdan

--

2. A bheil thu a' smaoinichadh gum faodadh na molaidhean sa phlana seo buaidh shònraichte (fàbharach no neo-fhàbharach) a thoirt air coimhearsnachdan eileanach?

[Barrachd fiosrachaidh - Rinneadh conaltradh le coimhearsnachdan eileanach mar phàirt de dh'obair leasachaidh air Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta 2 (NTS2). Chomharraich an conaltradh seo dùbhlain còmhdhail shònraichte ann an coimhearsnachdan eileanach, [briog an seo airson barrachd fiosrachaidh.](#)]

Tha - Chan eil - chan eil fhios agam

Minich do fhreagairt

--

- a. Ma tha thu den bheachd gun toir na molaidhean buaidh air coimhearsnachdan eileanach, dè na ceuman a mholadh tu gus deagh bhuaidhean a mheudachadh agus gus droch bhuaidhean a lùghdachadh?

Bogsa airson beachdan

--

3. A bheil thu a' smaoinichadh gum faodadh na molaidhean sa phlana seo buaidh shònraichte (fàbharach no neo-fhàbharach) a thoirt air daoine a tha fo ana-cothrom sòiseo-eaconamach?

Tha - Chan eil - chan eil fhios agam

Minich do fhreagairt

--

- a. Ma tha thu den bheachd gun toir na molaidhean buaidh shònraichte seachad stèidhichte air factaran sòiseo-eaconomach, dè na ceuman a mholadh tu gus deagh bhuidhean a mheudachadh agus gus droch bhuidhean a lùghdachadh?

Bogsa airson beachdan

An Àrainneachd

Tha Achd Measadh Ro-innleachdail air an Àrainneachd (Alba) 2005 a' dèanamh cinnteach gun tèid molaidhean poblach a dh'fhaodadh buaidh nach beag a thoirt air an àrainneachd a bhith air am measadh, agus gun tèid ceuman a lorg gus bacadh no lùghdachadh a thoirt air droch bhuidh sam bith, far an gabh sin a dhèanamh, mus tèid na planaichean a chur an gnìomh.

1. A bheil thu den bheachd gu bheil e coltach gun toir na molaidhean sa mhapa-slighe buaidh air an àrainneachd? Ma tha, ciamar? Bidh cho mionaideach 's as urrainn dhut.

Tha - Chan eil - chan eil fhios agam

Mìnich do fhreagairt

Beachdan eile

1. A bheil beachd sam bith agad a bu toil leat a thoirt dhuinn mu phàirtean den cho-chomhairle seo aig nach eil ceist shònraichte? Ma tha, innse dhuinn an seo.

Bogsa airson beachdan



**TRANSPORT
SCOTLAND**

CÒMHDHAIL ALBA

© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2022

Faodaidh tu am fiosrachadh seo (gun suaicheantasan is dealbhan) ath-chleachdadh saor is an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith fo theirmichean Cead Fosgailte an Riaghaltais. Gus an cead seo fhaicinn, faic <http://www.nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence> no cuir post-d gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha lethbhreacan a bharrachd den sgrìobhainn seo rim faighinn, ma thèid sin iarraidh, ann an cruth claisneachd is faicsinneach agus ann an cànanan coimhearsnachd. Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn/foillseachadh seo a chur thugainn aig info@transport.gov.scot

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn air làrach-lìn Còmhdhail Alba aig: www.transport.gov.scot

Air fhoillseachadh le Còmhdhail Alba, Am Faoilleach 2022

Lean sinn:



transcotland



@transcotland

transport.gov.scot



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot